

OILTHIGH OBAR DHEATHAIN

POILEASaidH NA GàIDHLIG

1. Is e ceann-uidhe a' phoileasaidh seo ach dealas Oilthigh Obar Dheathain a chur an cèill a thaobh brosnachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. Tron Phlana seo, nìthear cinnteach gun toirear aire do dhleastanasan an Oilthigh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 nuair a thathas a' coimhead ri goireasan agus co-dhùnaidhean.
2. Tha an t-Oilthigh mothachail gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach do dhualchas, fèin-aithne agus beatha chultarach na h-Alba, agus gur Oilthigh Obar Dheathain fear am measg còig oilthighean an Alba aig a bheil an dleastanas Plana Gàidhlig a bhith aca. Cuidichidh am poileasaidh seo, còmhla ri Plana Gàidhlig an Oilthigh, a thaobh cur an gnìomh *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig* agus planaichean gnìomha iomchaidh eile air an cur a-mach le Bòrd na Gàidhlig fo fhrèam-obrach reachdail Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Bheir iomairtean a' Phlana Ghàidhlig taic do amasan *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig* a chum suidheachadh seasmhach 'son na Gàidhlig. Tha Plana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain a' toirt cunntas air dealas an Oilthigh a bhith cothromach a thaobh cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig, le frèama-obrach airson gach iomairt san amharc fo na roinnean a leanas:
 - a) Ìomhaigh
 - b) Conaltraidhean
 - c) Foillseachaidhean
 - d) Luchd-obrach
 - e) Ionnsachadh
 - f) Corpas
 - g) Cleachdadh
 - h) Inbhe
3. A' cleachdadh teamplaid a thugadh dhuinn le Bòrd na Gàidhlig, bheir Plana Gàidhlig an Oilthigh seachad cunntas air na prìomh ghnìomhan anns gach tè de na roinnean seo le targaidean agus amasan soilleir; a bharrachd air sin, nì e iomradh air na prìomh earrannan, colaistean no sgoiltean a bhios an sàs an libhrigeadh nan gnìomhan. Obraichidh sinn an compàirteachas le oilthighean eile gus a bhith cinnteach gu bheil na dleastanasan againn a rèir dleastanasan nan oilthighean eile, far an gabhas seo a dhèanamh.

Dàimhean ris a' Mhòr-Shluagh

4. Tha an t-Oilthigh ag amas air fìor luach a bhith nar dleastanasan 'son na Gàidhlig, agus obraichidh sinn an compàirteachas le ùghdarrasan ionadail, buidhnean coimhearsnachd agus oilthighean eile a thaobh leasachadh agus libhrigeadh *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig*.

Targaidean agus Measadh

5. Bidh aig Buidheann Chomhairleachaidh Plana Ghàidhlig an Oilthigh thar-sealladh a bhith aice air a' phoileasaidh, a' Phlana Ghàidhlig, agus iomairtean ùra san àm ri teachd; gan cumail air cùrs is gan coileanadh, agus cuideachd ri amasan is targaidean a chuir ri chèile.
6. Cruthaichidh a' bhuidheann seo modhan-aithris agus cuiridh i roimhpe pròiseas de mheasadh agus leasachadh leantainneach a tha a' coileanadh no a' dol seachad air riatanasan reachdail. Bidh a' bhuidheann cuideachd ag amas air barrachd aire a thogail gu reachdas le buntanas do ath-bheothachadh agus glèidheadh na Gàidhlig agus cultar nan Gàidheal.
7. Bheir a' bhuidheann seo cunntas do Buidheann Stiùireadh an Oilthigh. Thèid uallach a chur air neach-obrach iomchaidh airson gach roinn-ghnìomha fa leth, agus e/i an urra ri cur an gnìomh na ro-innleachd sin; a' co-obrachadh leis an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig agus Poileasaidh agus le buidhnean-ùidhe iomchaidh eile .

Meatadàta	
Tìotal	Poileasaidh na Gàidhlig
Ùghdar	Ashley Powell, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig agus Poileasaidh PPG
Sealbh	Buidheann Chomhairleachaidh a' Phlana Ghàidhlig
Ceann-là Foillseachaidh / Aonta	Am Màrt 2013, Cùirt an Oilthigh
Dreachd	Dreachd 1
Ceann-là an ath-sgrùdaidh	An t-Samhain 2015 (Bliadhna) le GLPAG
Buaidh air	Na h-uile
Sgrìobhainnean co-cheangailte	Am Plana Gàidhlig
Cuspair / Tuairisgeul	Cunntas air dealas an Oilthigh a thaobh cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig; a' toirt taic don àrd-amas nàiseanta a chum suidheachadh seasmhach a chruthachadh don Ghàidhlig.
Measadh Buile air Co-ionannachd	Dèanta sa Mhàrt 2013 airson Plana agus Poileasaidh na Gàidhlig.
Roinn	PPG
Cùis	Cleachdadh agus Brosnachadh na Gàidhlig